



Ceistean

Thoir sùil air Paragraf 1 gu 11.

1. **Cò mu dheidhinn a tha Lee agus athair a' trod aig toiseach na sgeulachd. Inns nas urrainn dhut ann an 100 facal no nas lugha.**

Tha Lee ag iarraidh pàirt a ghabhail ann am farpais Clach, Pàipear, Siosar, a tha gu bhith ann an Alba airson a' chiad turas. Chan eil athair idir dèonach a leigeil ann a chionn 's gum feumadh e ùine a ghabhail far na sgoile. Cuideachd, tha athair den bheachd nach e gèam cudromach a th' ann agus gu bheil Lee gòrach a bhith ga chluich. Tha Lee den bheachd gur e ana-ceartas a tha seo seach gun tug athair a bhràthair às an sgoil airson a dhol gu gèam ball-coise. Tha Lee feargach nach eil daoine a' cur luach air a' ghèam aige.

Thoir sùil air Paragraf 2.

2. **Carson a sguir teaghlach Lee a chluich Clach, Pàipear, Siosar còmhla ris?**

Bhiodh Lee daonnan a' cleachdadh a' ghèam mar dhòigh air tighinn gu co-dhùnaidhean. Bhiodh Lee an-còmhnaidh a' buannachadh a' ghèam, agus mar sin, dh'fhàs càch sgìth den seo agus sguir iad a chluich còmhla ris.

Thoir sùil air Paragraf 14

3. **“Cha robh anns an eilean ach prìosan”**

Nad fhaclan fhèin, mìnich carson a bha Lee den bheachd gur e prìosan a bh' anns an eilean.

Bha a bhith a' fuireach air eilean a' cur bacadh air bho phàirt a ghabhail anns an

fharpais Clach, Pàipear, Siosar a bha a' tachairt air tìr-mòr. Cha robh duine sam bith eile san eilean aig an robh ùidh sa ghèam seo agus mar sin, cha robh an cothrom aige cluich an aghaidh dhaoine eile mar a chòrdadh ris. Bhiodh a' chlann eile san sgìre aige a' magadh air a chionn 's gun robh e cho dèidheil air a' ghèam shònraichte seo.

Thoir sùil air Paragraf 17.

4. “Dh’fhalbh ùidh ann an Clach, Pàipear, Siosar”

Carson a chaill Lee ùidh ann an Clach, Pàipear, Siosar?

Chuala Lee gun robh nighean òg aois 15 à Dùn Eideann air an fharpais Clach, Pàipear, Siosar a bhuannachadh. Bha e cinnteach gum biodh esan air an gnothach a dhèanamh oirre nam biodh e air an cothrom fhaighinn a dhol chun na farpais. Bha seo a' cur fearg mhòr air Lee gach turas a smaoinicheadh e mu dheidhinn, agus mar sin, chò-dhùin e nach cluicheadh e an gèam tuilleadh.

Thoir sùil air Paragraf 17.

5. “A-nis, cha chanadh e càil”

Carson nach biodh Lee a' bruidhinn nuair a choinnicheadh e ri daoine às ùr?

B' àbhaist dha a bhith a' cluich Clach, Pàipear, Siosar nuair a choinnicheadh e ri daoine airson a' chiad uair. A-nis, seach nach robh e a' cluich a' ghèam seo tuilleadh, cha robh sìon aige ri ràdh riutha.

Thoir sùil air Paragraf 18-21.

6. Carson a dh'fhòn an sgoil gu pàrantan Lee?

Bha Lee ann an trioblaid anns an sgoil a chionn 's gun do rinn e cron air balach eile. Bha am balach eil a' fanaid air Lee agus ag èigheachd 'scissorhands' ris. Cha leigeadh am balach eile idir le Lee coiseachd air falbh agus chùm e air a' fanaid. Dh'fhàs Lee feargach, agus rug e air a' bhalach eile, lùb e a chorragan air ais agus agus stob e iad suas a shròin cho fada 's a rachadh iad. Stob Lee na corragan aig a' bhalach eile cho fada shuas a shròin agus nach tigeadh iad às agus b' fheudar dhan bhalach a dhol dhan ospadal.

Thoir sùil air Paragraf 28.**7. “Cha tuit Lee càil”****(a) Dè tha thu a’ mothachadh a tha sònraichte mun t-seantans seo?**

’S e seantans air leth goirid a tha seo agus tha e ann am paragraf leis fhèin.

(b) Ciamar a tha seo èifeachdach?

Tha seo èifeachdach a chionn ’s gu bheil e a’ tarraing aire an leughadair gu sònraichte chun nam briathran seo. Tha am paragraf seo a’ nochdadh nuair a tha màthair Lee ga cheasnachadh mu na faireachdainnean aige. Tha Lee ga fhaighinn uabhasach fhèin doirbh bruidhinn ri daoine – gu h-àraid on a sguir e a chluich Clach, Pàipear, Siosar – agus tha seo air a dhaingneachadh leis gu bheil na briathran seo a’ nochdadh ann am paragraf leotha fhèin.

Thoir sùil air Paragraf 32.**8. Carson a tha Lee a’ faireachdainn air chall a-nis nuair nach eil e a’ cluich Clach, Pàipear, Siosar?**

Bha an gèam seo na chuideachadh do Lee nuair a choinnicheadh e ri daoine às ùr. Seach gun robh e air sgur ga chluich, cha robh fhios aige dè dhèanadh e no dè chanadh e agus mar sin chan eil e ag ràdh sìon.

Thoir sùil air Paragraf 38.**9. Nad fhaclan fhèin, inns carson a tha Lee den bheachd nach e dìreach crannchur a tha sa ghèam Clach, Pàipear, Siosar.**

Tha Lee den bheachd gu bheil an gèam seo ag innse rudeigin dha mu dheidhinn nàdar agus faireachdainnean an neach còmhla ris am biodh e a’ cluich. Tha e ag ràdh gu bheil gach rud, clach, pàipear agus siosar a’ ciallachadh rudeigin sònraichte agus gu bheil am fear a thaghas tu ag innse rudeigin mu do dheidhinn. Tha an gèam cudromach do Lee a chionn ’s gur e sin an dòigh anns a bheil esan a’ faighinn tuigse air faireachdainnean dhaoine.

Thoir sùil air Paragraf 38.**10. Dè tha Lee air mothachadh a tha sònraichte mu na rudan a bhios athair agus a**

mhàthair a' taghadh nuair a bhios iad a' cluich Clach, Pàipear, Siosar?

Bidh athair an-còmhnaidh a' taghadh clach agus, ann am beachd Lee, tha seo a' samhlachadh neart agus tha e ag innse rudeigin dha mu dheidhinn athar. Tha e a' mothachadh gum bi a mhàthair a' taghadh rudan diofraichte gach turas agus gur e seo an dòigh anns am bi fios aig Lee mar a tha i a' faireachdainn aig an àm sin.

Thoir sùil air Paragraf 39 & 40.**11. Ciamar a tha e follaiseach aig deireadh na sgeulachd gu bheil truas aig a mhàthair ri Lee agus gu bheil barrachd tuigse aice air a mac a-nis, agus gu bheil barrachd spèis aice don ghèam Clach, Pàipear, Siosar?**

Tha e follaiseach gu bheil i a' faireachdainn truas oir tha i a' sìneadh a-mach a làimh agus ga cur air gualainn Lee. Tha i ga bhrosnachadh gus cumail a' dol air Clach Pàipear, Siosar a chionn 's gu bheil i a-nis a' tuigsinn carson a tha an ghèam cho cudromach do Lee. Tha i a' dearbhadh gu bheil spèis aice dhan ghèam a-rithist oir tha i a' tabhann ghèam a chluich còmhla ris.